

Cuspair Clàir-ghnothaich	5
Àir. Aithisge	G/14/21

COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD

Comataidh:	Comataidh na Gàidhlig
Ceann-latha:	16 Sultain 2021
Tìotal Aithisge:	Ùrachadh is Ath-dhealbhadh Poileasaidh Shoidhnichean Dà-chànanach na Comhairle
Aithisg le:	Àrd-Oifigear Gnìomhach, Coileanadh agus Riaghlachas

1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

- 1.1 'S e adhbhar na h-aithisge seo fios às ùr a thoirt dhan Chomataidh mu na thathar a' dèanamh gus poileasaidh shoidhnichean dà-chànanach Chomhairle na Gàidhealtachd ùrachadh, a' gabhail a-steach geàrr-chunntas air atharrachaidhean is leasachaidhean airson beachdachadh orra.

2. Molaidhean

- 2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:

- i) toirt fa-near dhan obair a rinneadh a thaobh a bhith ag ùrachadh poileasaidh dà-chànanach na Comhairle; agus
- ii) beachdachadh air na h-atharrachaidhean a thathar a' moladh agus aonta a thoirt dhaibh.

3. Buaidhean

- 3.1 Goireas – Tha a h-uile nì a thaobh ghoireasan taobh a-staigh a' phrìomh bhuidseat a th' ann an-dràsta, a' gabhail a-steach prìomh bhuidseat na Comhairle agus Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig.
- 3.2 Laghail – Tha e mar dhleastanas air Comhairle na Gàidhealtachd Plana Gàidhlig a thoirt gu buil, mar a th' air iarraidh fo Earrainn 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.
- 3.3 Coimhearsnachd (Co-ionannachd, Bochdainn, Dùthchail agus Eilean) – Tha an aithisg a' cumail ri poileasaidhean Chomhairle na Gàidhealtachd a thaobh co-ionannachd is so-ruigsinneachd. Chan eil càil innte a bheireadh droch bhuaidh air gnothaichean sòiseo-eaconamach, dùthchail no eileanach.

- 3.4 Atharrachadh Gnàth-shìde/Carbon Ciallach – Tha Sgioba na Gàidhlig a’ frithealadh gach coinneamh an-dràsta air-loidhne is gu bhìortail, agus mar sin a’ lùghdachadh na thathar a’ dèanamh de shiubhal airson obair.
- 3.5 Cunnart – Tha e cudromach gu bheil stiùireadh poileasaidh dà-chànanach soilleir, ùraichte, agus furasta a chleachdadh aig a’ Chomhairle airson ’s gun urrainnear cumail ris a’ phoileasaidh agus airson dèanamh cinnteach gu bheil a’ cur an sàs Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd 2018–2023 (PnG3) agus cuideachd Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig.
- 3.6 Gàidhlig – Tha fìor dheagh bhuaidh aig an aithisg seo a thaobh a bhith a’ gleidheadh is a’ leasachadh cànan is cultar na Gàidhlig, seach gu bheil am poileasaidh dà-chànanach a’ dèanamh cinnteach gu bheil a’ Ghàidhlig follaiseach air soidhnichean rathaid, sràide is togalaich thar sgìre na Gàidhealtachd, agus ann an clò is foillseachaidhean, agus co-theacsaichean eile.

4. Ùrachadh is Ath-dhealbhadh Poileasaidh Shoidhnichean Dà-chànanach na Comhairle – Ro-ràdh

- 4.1 Chaidh an sgrìobhainn *Guidelines on bilingual signage for Highland Council staff and additional Guidance for the use of Gaelic* a chruthachadh ann an 2010 agus tha i feumach air ath-sgrùdadh.

o Guidelines on bilingual signage for Highland Council staff

Tha an sgrìobhainn seo ga h-ùrachadh an-dràsta agus an uair sin thèid a h-ath-dhealbhadh le Dealbhaiche Grafaigeach na Comhairle. Thèid fiosrachadh mu ainmean is sheòlaidhean ùrachadh agus thèid iomraidhean a cho-thaobhadh ris a’ Phlana Gàidhlig làithreach aig Comhairle na Gàidhealtachd agus ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig. Thèid puingeann practaigeach a chur rihte gus am poileasaidh a neartachadh agus a cho-thaobhadh ri cleachdaidhean làithreach. Tha an aithisg seo a’ toirt fiosrachadh mu na h-atharrachaidhean agus na leasachaidhean a thathar a’ moladh.

- 4.2 Chaidh com-pàirteachas Ainmean-Àite na h-Alba (AÀA) a stèidheachadh ann an 2006, a’ leantainn air adhart bho Chomataidh-Cheangail nan Ainmean Gàidhlig. Tha a’ Chomhairle fhathast ag obair còmhla ri AÀA mar an com-pàirteachas comhairleachaidh nàiseanta airson ainmean-àite Gàidhlig, ann an co-chomhairle leotha, a rèir a’ phoileasaidh, airson dèanamh cinnteach gu bheil na h-ainmean Gàidhlig cearta air soidhnichean is ann an sgrìobhainnean.
- 4.3 Seach gu bheil soidhnichean ùra, agus feadhainn a tha a’ dol an àite feadhainn eile, gan cur suas mar a bhios feum orra, tha feadhainn ann fhathast a bh’ ann ro AÀA agus nach eil a’ freagradh air poileasaidh làithreach Chomhairle na Gàidhealtachd. Mar sin, tha e cudromach gun tèid am poileasaidh dà-chànanach a leantainn airson ’s gum bi soidhnichean a’ sìor fhàs cunbhalach.
- 4.4 Bheir an sgrìobhainn ùr cothroman airson am poileasaidh dà-chànanach – a tha dhà-rìribh na poileasaidh tar-sheirbheise – a neartachadh air feadh na Comhairle. Tha seo riatanach do mhothachadh an luchd-obrach a thaobh dleastanasan laghail na Comhairle fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, agus bidh i feumail aig inntrigidhean luchd-obrach agus trèanadh ath-ùrachaidh.

- 4.5 Chan eil an sgrìobhainn slàn a th' ann an-dràsta ri faotainn ach air eadra-lìon na Comhairle, agus thathar a' moladh gum bi sgrìobhainn a' phoileasaidh ùir ri faotainn air làrach-lìn na Comhairle. Gheibhear geàrr-chunntas dhi air làrach-lìn na Comhairle: [Poileasaidh Shoidhnichean Gàidhlig](#). Ach, chan eil an riochd seo a' bualadh air gach nì a tha sa phoileasaidh shoidhnichean, agus tha seo air mì-chinnt adhbharachadh, le cuid dhen bheachd gur e seo am poileasaidh slàn. Mar sin, thathar a' moladh gun tèid an sgrìobhainn seo a thoirt air falbh agus gun tèid sgrìobhainn a' phoileasaidh ùir a chur na h-àite.

5. Atharrachaidhean Coitcheann a Thathar a' Moladh

- 5.1 'S e *Guidelines on bilingual signage for Highland Council staff and additional Guidance for the use of Gaelic* a th' air an sgrìobhainn a th' ann an-dràsta. Thathar a' moladh ainm nas snasaile, mar: *Stiùiridhean Chomhairle na Gàidhealtachd airson Soidhnichean Dà-chànanach (Gàidhlig agus Beurla) agus Teacsaichean Eile*.
- 5.2 Thèid am paragraf a leanas, a th' anns an Ro-ràdh, a leudachadh airson clò-bhualadh is foillseachadh a ghabhail a-steach:

'Mar phàirt de Gheallaidhean a' Phlana, tha Comhairle na Gàidhealtachd a' gabhail os làimh taic a chumail ris a' Ghàidhlig tro bhith ag àrdachadh a h-ìomhaigh thairis air an sgìre. Tha seo a' gabhail a-steach geallaidhean a thaobh soidhnichean dà-chànanach (Gàidhlig is Beurla) agus a bhith a' cleachdadh teacsa dà-chànanach ann an clò-bhualadh is foillseachadh.'

- 5.3 Thèid fiosrachadh mu ainmean is sheòlaidhean luchd-obrach is sheirbheisean ùrachadh, le seòlaidhean puist-d gan cur an àite àireamhan fòn.
- 5.4 Thèid iomraidhean a cho-thaobhadh ri Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd 2018–2023 agus ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018–2023. Thèid riochdan Gàidhlig de dh'iar-leasachain a thathar a' moladh a cho-thaobhadh ri Briathrachas AÀA, a tha na phàirt de Phoileasaidh Ainmean-Àite Gàidhlig 2020. Thèid iomraidhean ùrachadh a thaobh [Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig \(2009\)](#) a tha ri luchdadh a-nuas bho làrach-lìn Ùghdarras Theisteanasan na h-Alba (SQA).

6 Dealbhadh is Coltas

- 6.1 Thèid am poileasaidh ùr a dhèanamh nas snasaile agus bidh earrannan a' nochdadh ann an cruth nas soilleire – Soidhnichean Rathaid, Soidhnichean Sràide, Soidhnichean Thogalaichean, Clò-bhualadh is Foillseachadh – agus bidh Clàr-innse ann cuideachd.
- 6.2 Thèid lùghdachadh a dhèanamh air na bhios ann de dhealbhanan 'na dèan seo', agus bidh na dealbhannan a th' ann air an comharrachadh gu soilleir le crois dhearg no le cromag uaine, airson mì-chinnt sam bith a sheachnadh. Thèid dealbhannan ùra a chur ris.

7 Atharrachaidhean Modha a Thathar a' Moladh

- 7.1 Bha Seirbheis Eadar-theangachaidh na Gàidhlig (SEG) air a h-ùr-stèidheachadh nuair a chaidh am poileasaidh a th' ann an-dràsta fhoillseachadh, agus thathar ag iarraidh air oifigearan fios a chur sa chiad dol a-mach gu AÀA. A-nis, 's e an cleachdadh a th' ann gum bi oifigearan a' cur fios an toiseach gu SEG, agus tha iomadh buannachd an lùib

seo. Thèid cairtean-srutha ùrachadh agus thèid an teacsa a leanas a chur ris an Ròdh:

‘Airson cuideachadh le eadar-theangachadh Gàidhlig no le dearbh-leughadh, bu chòir do dh’oifigearan fios a chur sa chiad dol a-mach gu Jo NicDhòmhnaill, Prìomh Oifigear Eadar-theangachaidh (POE) aig jo.macdonald@highland.gov.uk

Nuair a bhios ainmean-àite Gàidhlig a dhìth, cumaidh SEG co-chomhairle le Ainmean-Àite na h-Alba (AÀA) airson na h-ainmean cearta a dhearbhadh. Tha e cudromach gun tèid co-chomhairle sam bith le AÀA a dhèanamh tro SEG oir thathar a’ clàradh a h-uile soidhne rathaid, sràide is togalaich a th’ air a chleachdadh air feadh sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd. Nithear cinnteach an uair sin gum bi cunbhalachd ann, agus bidh cothrom ann dearbh-leughadh a dhèanamh air teamplaidean.

Ma tha soidhnichean a tha a’ dol suas às ùr dà-chànanach mar-thà, tha e fhathast cudromach gun tèid coimhead air a’ Ghàidhlig às ùr, gun fhios nach eil molaidhean air atharrachadh.

Bu chòir gu leòr ùine a thoirt do phròiseactan shoidhnichean ùra sam bith. Ged as urrainnear cuid de dh’iarrtasan eadar-theangachaidh a thilleadh cha mhòr sa bhad, tha feadhainn eile ann a tha feumach air tòrr rannsachaidh agus a bheir corra sheachdain.’

7.2 Thèid iarrtas a chur a-steach airson fiosrachadh goirid sam bith a thoirt seachad mu ainmean-sràide agus far a bheil iad air an suidheachadh, gus cuideachadh leis an eadar-theangachadh. Mar eisimpleir, tha e cudromach fios a bhith ann a bheil ‘Ross Street’ co-cheangailte ris a’ chinneadh no ris an sgìre, no a bheil ‘MacDonald Street’ air ainmeachadh às dèidh fireannach no boireannach, airson ’s gum bi an t-eadar-theangachadh cho pongail ’s a ghabhas.

7.3 Bidh iarrtas ann gun tèid teamplaidean nan soidhnichean a thilleadh gu SEG airson an dearbh-leughadh mus tèid an dèanamh, airson dèanamh cinnteach nach eil mearachdan sam bith annta. Bheir seo dìon seachad an aghaidh droch fhollaiseachd agus cosgaisean feadhainn ùra a dhèanamh.

7.4 *‘Names clearly not of Gaelic origin, and where no identifiable historic or local Gaelic usage exists, should be left in their ‘English’ form.’*

Thathar a’ moladh gun tèid seo atharrachadh gus cuideam a chur air cho deatamach ’s a tha co-chomhairle:

‘Às dèidh co-chomhairle le AÀA, thèid ainmean sam bith nach eil bho thùs ann an Gàidhlig, agus far nach eil cleachdadh eachdraidheil no ionadail Gàidhlig sam bith follaiseach, fhàgail ann am Beurla.’

8 Atharrachaidhean Brioghmhor a Thathar a’ Moladh

8.1 Nuair a thèid soidhnichean ùra a chur suas airson aibhnichean no feartan nàdarra sam bith eile ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd, bidh iad dà-chànanach. Coltach ri soidhnichean rathaid is sràide, thèid a’ Ghàidhlig a chur os cionn na Beurla agus bidh a’ Ghàidhlig ann an uaine mura h-eil sgeama dealbhaidh eile ann.

8.2 Tha ainmean-àite far a bheil an litreachadh sa Ghàidhlig is sa Bheurla *gu tur* co-ionnan gu math gann. Nuair a bhios ainmean-àite a leithid seo air soidhnichean, nochdaidh an t-ainm dà thuras – a’ Ghàidhlig ann an uaine os cionn na Beurla ann an dubh coltach ri

soidhnichean rathaid dà-chànanach eile. Cumaidh seo suas cunbhalachd dealbhaidh agus bidh na riochdan Gàidhlig is Beurla rim faicinn gu soilleir.

8.3 A thaobh shoidhnichean sràide, 's mathaid gu bheil soidhnichean an-dràsta ann an àiteachan, no ann an leasachaidhean, a th' ann am Beurla a-mhàin. Thathar a' brosnachadh luchd-leasachaidh agus comhairlean coimhearsnachd a bhith a' toirt air adhart soidhnichean dà-chànanach agus cha bu chòir dhaibh seo a sheachnadh gus cunbhalachd le soidhnichean aon-chànanach eile a ghleidheadh.

8.4 Ann an 2009, às dèidh coinneamh dhen Chomhairle, bha atharrachadh ann bho phoileasaidh iomlan de shoidhnichean sràide dà-chànanach air feadh sgìre na Gàidhealtachd gu suidheachadh far an robh e ceadaichte co-chomhairle ionadail a chumail a thaobh co-dhiù a bhiodh soidhnichean sràide ùra is soidhnichean sràide a bha a' dol an àite feadhainn eile air an cur suas gu dà-chànanach. Tha am poileasaidh a' cur an cèill gu bheil a' Chomhairle a' brosnachadh shoidhnichean dà-chànanach. (Cha tug an t-atharrachadh poileasaidh buaidh air soidhnichean stiùiridh rathaid no soidhnichean fàilte air bailtean oir feumaidh iad sin a bhith dà-chànanach.)

Ged is e an suidheachadh 'àbhaisteach' gu bheil soidhnichean sràide dà-chànanach, agus ged a tha comhairlean coimhearsnachd buailteach a bhith taiceil, thèid soidhnichean aon-chànanach a chur suas corra uair. Tha Sgioba na Gàidhlig air gearanan fhaighinn bhon phoball a tha tric dhen bheachd gu bheil e mar phoileasaidh gum bi gach soidhne sràide dà-chànanach.

Tha Seirbheis Eadar-theangachaidh na Gàidhlig (SEG) a' cumail clàr de na soidhnichean uile ris a bheilear a' dèiligeadh. Ach, seach nach eil iarrtasan airson soidhnichean aon-chànanach a' tighinn gu SEG, tha e do-dhèanta beachd fhaighinn air an àireamh sa cheud de shoidhnichean dà-chànanach is aon-chànanach a tha a' dol suas. Air sàillibh meud sgìre na Gàidhealtachd, chan eil e comasach sùil a chumail air a seo.

Thathar a' moladh siostam a chur air dòigh far am bi SEG a' faighinn fios mu shoidhnichean sràide a thathar a' cur suas sa Bheurla a-mhàin às dèidh co-chomhairle ionadail. Math dh'fhaodte gun urrainnear seo a dhèanamh tro Sgioba Corporate Address Gazetteer (CAG). Bhiodh seo a' brosnachadh follaiseachd is cunntalachd, agus bhiodh dealbh na bu shoilleire aig Sgioba na Gàidhlig air mar a bhathar a' buileachadh poileasaidh nan soidhnichean dà-chànanach.

8.5 Thèid iomraidhean a' buntainn ri maoinachadh tro sgeama soidhnichean dà-chànanach Chomunn na Gàidhlig a thoirt air falbh, seach nach eil an sgeama ann tuilleadh. Thèid seo na àite:

"S urrainn do Sheirbheis Eadar-theangachaidh na Comhairle cuideachadh eadar-theangachaidh is dearbh-leughaidh a thoirt seachad do bhuidhnean bhon taobh a-muigh a tha airson soidhnichean a chur suas ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd."

8.6 Thèid an cleachdadh a th' ann an-dràsta, a thaobh a bhith a' cur shoidhnichean ann an Gàidhlig a-mhàin ann an sgoiltean far a bheil Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) a-mhàin, a chur ann gu foirmeil. Airson aithne a thoirt do dh'àiteachan far a bheil seòmraichean-teagaisg coitcheann, thèid caveat a chur ris, a' moladh a' chleachdaidh a leanas:

'Airson taic a chumail ris an àrainneachd bhogaidh, bidh soidhnichean ann an Gàidhlig a-mhàin ann an sgoiltean far nach eil ach Gàidhlig. Ann an sgoiltean is

suidheachaidhean far a bheil an dà chuid Gàidhlig agus Beurla, bhiodh e iomchaidh nam biodh soidhnichean Gàidhlig anns na h-àiteachan far a bheilear a' cleachdadh na Gàidhlig agus soidhnichean dà-chànanach anns a' chòrr dhen togalach, a rèir poileasaidh nas fharsainghe Chomhairle na Gàidhealtachd.'

- 8.7 Bidh plàcan airson fosglaidhean oifigeil thogalaichean is shealbhan leis a' Chomhairle dà-chànanach.
- 8.8 Bidh òrduighean airson lioftaichean ann an togalaichean is shealbhan leis a' Chomhairle dà-chànanach.
- 8.9 Bidh taisbeanaidhean is foillseachaidhean ann an togalaichean is shealbhan leis a' Chomhairle dà-chànanach, no bidh tomhas de Ghàidhlig annta.
- 8.10 Thèid iomraidhean a' buntainn ri 'teipichean claisneach, bhidio no DVDan' ùrachadh gu 'taisbeanaidhean clais-lèirsinneach agus ioma-mheadhanach'.
- 8.11 *'Wherever possible, the Gaelic language content should have a brief introduction to give explanation and context to what it is and why it is there.'*

Thèid seo atharrachadh gu:

'Far am bi e freagarrach, bidh ro-ràdh goirid an cois an teacsa Ghàidhlig airson mìneachadh a dhèanamh air agus co-theacsa a thoirt seachad a thaobh dè a th' ann agus carson a tha e ann.'

- 8.12 A thaobh an eadar-dhealachaidh sna dathan airson gach cànan, gu seachd àraid air pannalan mìneachaidh agus ann an sgrìobhainnean, thèid na leanas a chur ris:
- 'Cha bu chòir tuar nas soilleire dhen aon dath a chleachdadh air aon chànan, oir chan eil seo a' coileanadh co-ionannachd dealbhaidh a thaobh follaiseachd.'
- 8.13 Tha teacsa an t-suaicheantais a th' ann mar-thà a' toirt iomradh air suaicheantas 'ùr' Chomhairle na Gàidhealtachd. Thèid seo atharrachadh gu:
- 'Tha suaicheantas na Comhairle a' toirt inbhe cho-ionann dhan Ghàidhlig is dhan Bheurla. Tha stiùireadh a thaobh cleachdadh iomchaidh an t-suaicheantais ri fhaotainn air làrach-lìn na Comhairle: www.highland.gov.uk air an A-Z fo 'L' airson logos no tro: <https://www.highland.gov.uk/logoquidance>'

- 8.14 Thèid an earrann air a bheil Làrach-lìn ùrachadh gu:

'Tha a' Chomhairle a' gealltainn fiosrachadh a thoirt seachad air an làraich-lìn ann am Beurla is ann an Gàidhlig.

Tha brathan-naidheachd a' buntainn ri cùisean Gàidhlig a' nochdadh ann an Gàidhlig an toiseach air làrach-lìn na Comhairle, agus an uair sin ann am Beurla, fo cheann-sgrìobhadh dà-chànanach.

Tha e na ghealladh ann am Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd 2018–2023, gun nochd barrachd mhìrean Gàidhlig air làrach-lìn na Comhairle, gun tèid an dealbhachadh às ùr agus gun tèid an daingneachadh mar phàirt de leasachadh a' phròiseis dhidseataich.'

- 8.15 Bha an sgrìobhainn a th' ann an-dràsta ann mus deach High Life Highland (HLH) a chruthachadh. Ged a tha a shuaicheantas corporra is a dhathan fhèin aig HLH, tha e

a' co-thaobhadh gu dlùth ri poileasaidh dà-chànanach Chomhairle na Gàidhealtachd. A' gabhail a-steach cho cudromach 's a tha e a thaobh soidhnichean thogalaichean agus teacsaichean margaidheachd, 's mathaid gum biodh e iomchaidh iomradh a thoirt air HLH san sgrìobhainn ùir le briathran a leithid:

"S e carthannas a tha clàraichte ann an Alba a th' ann an High Life Highland, a chaidh a stèidheachadh ann an 2011 le Comhairle na Gàidhealtachd. Tha HLH a' leasachadh agus a' cur air adhart chothroman ann an cultar, ionnsachadh, spòrs, cur-seachadan, slàinte agus sunnd thar naoi seirbheisean air feadh na Gàidhealtachd gu lèir, airson an dà chuid luchd-còmhnaidh is luchd-tadhail. Tha Seirbheis Eadar-theangachaidh Chomhairle na Gàidhealtachd a' tabhann eadar-theangachadh is dearbh-leughadh do HLH airson soidhnichean is teacsaichean de gach seòrsa.'

- 8.16 Chaidh Eàrr-ràdhan 1 & 2 ùrachadh le Sgioba Corporate Address Gazetteer (CAG). Tha seo a' gabhail a-steach stiùireadh air ainmeachadh shràidean, agus cleachdaidhean a thaobh chuspairean, gu h-àraid an fheadhainn aig a bheil ceangalan ionadail eachdraidheil no cultarail. Chaidh ùrachadh a dhèanamh air an fhiosrachadh co-cheangailte ri cia mheud turas a chaidh ainmean àraid a chleachdadh ann an sgìre na Gàidhealtachd. Mar eisimpleir, tha 31 Rathad an Stèisein ann, 23 Àrd-Shràid, agus 11 Prìomh Shràid, le 18 sràidean a' cleachdadh Camshron is 40 a' cleachdadh Caisteal.
- 8.17 'S mathaid gum bi Roinn nan Rathaidean airson fiosrachadh a bharrachd a chur a-steach, agus thèid co-chomhairle a chumail leothasan mus bi an sgrìobhainn deiseil.
- 8.18 Tha Dealbhaiche Grafaigeach na Comhairle ag ullachadh sgrìobhainn *Signage Specification for Contractors*. Thathar an dùil gun tèid earrannan às an sgrìobhainn sin – gu h-àraid rudan practaigeach a thaobh chruthan-clò is meudachd shoidhnichean – a chur an lùib a' phoileasaidh dà-chànanach, agus gun tèid an ceangal còmhla. Bidh an dreach a th' air a' phoileasaidh dà-chànanach coltach rithe, agus dh'fhaodadh gur e sgrìobhainn cho-cheangailte a bhiodh innte.

9. Co-chomhairle agus Ath Cheumnan

- 9.1 Thathar a' cumail co-chomhairle an-dràsta le co-obraichean Sgioba na Gàidhlig agus tarsainn na Comhairle a thaobh ùrachadh sgrìobhainn a' phoileasaidh. Chaidh co-chomhairle a dhèanamh cuideachd le AÀA. Thuige seo, cha tàinig trioblaidean no cùisean sam bith am bàrr an lùib nan atharrachaidhean a thathar a' moladh.
- 9.2 Nuair a tha a' cho-chomhairle crìochnaichte, thèid am poileasaidh is an stiùireadh ùraichte mu choinneamh na Làn-Chomhairle airson aonta mus tèid a chur a-steach gu Bòrd na Gàidhlig.

Ainmeachadh: Àrd-Oifigear Gnìomhach, Coileanadh agus Riaghlachas

Ceann-latha: 18.08.21

Ùghdar: Jo NicDhòmhnaill, Prìomh Oifigear Eadar-theangachaidh

Pàipearan Cùl-fhiosrachaidh: Chan eil seo buntainneach